

Mothachas

Mothachas air a' bhlàr a-muigh (an raon-cluiche)

Tha mothachas feumail ann a bhith a' toirt chothrom do na sgoilearan gabhail air an socair agus ùine a ghabhail a' coimhead air rudan gu dlùth – iad a bhith a' mothachadh dhan t- saoghal timcheall orra, a bhith beò san àm làithreach, gun a bhith a' gabhail uimhir de dhragh mun àm ri teachd no mu rudan a thachair cheana.

Eacarsaichean

1 Ag èisteachd

Gabhaidh seo a dhèanamh a-muigh no anns a' chlas. Tha e nas èifeachdaiche a-muigh oir bidh barrachd fhuaimnean ri chluinntinn.

Le druim dìreach agus bodhaig aig fois, leig le do làmhan tuiteam ri do thaobh ma tha thu na do sheasamh no cuir iad air do ghlùinean le do bhoisean suas ma tha thu na do shuidhe. Mothaich mar a tha thu a' seasamh no suidhe agus na pàirtean dhìot a tha a' buntainn ris an ùrlar no sèithear.

1. Tarraing anail dhomhainn mar a nì sinn le eacarsaichean anail.
2. Dùin do shùilean agus èist gu cùramach.
3. Mothaich dha na fuaimean a tha thu a' cluinntinn. A bheil iad faisg no fad às?

A bheil iad à nàdar no air a dhèanamh le daoine?

4. A bheil gin dhiubh a' tighinn agus a' falbh?
5. Às dèidh mionaid fosgail do shùilean agus sgrìobh a h-uile sìon a chuala tu.

Bhiodh e math còmhraidh a dhèanamh sa chlas às dèidh laimh mu na chuala iad. An do mhothaich iad do chàil às ùr?



Mothachas

2 An àrainneachd



Faigh àite cofhurtail, sàbhailte air a' bhlàr a-muigh no anns an raon-chluiche. Chan eil e gu cus diofar cò ris a bhios an t-sìde coltach fhad 's a tha aodach freagarrach oirbh.

Sìn air do dhruim.

1. Dùin do shùilean agus tarraing anail dhomhainn.
2. Socraich do chorp a' dèanamh cinnteach nach eil teannachd sam bith nad fhèithean.
3. Mothaich mar a tha an t-èadhar a' faireachdainn air do chraiceann.
4. Mothaich mar a tha an talamh a' faireachdainn fodhad.
5. An do mhothaich thu do dh'fhàileadh sam bith?
6. Dè tha thu a' cluinntinn?

3 A' leigeil às do dhraghan



Gabhaidh seo atharrachadh gu bhith a' freagairt air an t-suidheachadh agad fhèin.

- Coimhead air duilleagan a' tuiteam air latha gaothach, foghair.
- Cùm ite nad làimh agus leig leatha tuiteam gu talamh.
- Sèid builgeanan agus coimhead orra a' falbh anns a' ghaoith.
- Coimhead na càraichean a' tighinn agus a' falbh air an rathad.
- Coimhead air na h-eòin san adhar, a' tighinn agus a' falbh.
- Faigh uaireadair-grèine (dìthean) agus sèid e gus nach bi sìol air fhàgail.

Tagh gnìomh sam bith gu h-àrd air neo feuch rudeigin eile. Iarr air na sgoilearan a' smaoinichadh air rud sam bith a tha air a bhith a' dèanamh dragh dhaibh. Cleachdaidh mi uaireadair-grèine mar eiseimpleir.

1. Theirig air cuairt timcheall làrach na sgoile. Buain uaireadair-grèine.
2. Seas gu socair a' coimhead air d' uaireadair grèine.
3. Tarraing anail dhomhainn. Smaoinich air rudeigin a rinn dragh dhut an-diugh.
4. Sèid a-mach agus coimhead an sìol a' falbh sa ghaoith.
5. Smaoinich air na trioblaidean agad a' falbh sa ghaoith cuide ris an t-sìol.
6. Coimhead orra a' falbh. Do thrioblaidean agus an sìol a' falbh aig an aon àm.
7. Cùm ort gus nach eil sìol sam bith air fhàgail – a' tarraing anail dhomhainn agus a' smaoinichadh fhad 's a tha thu ga dhèanamh.